

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

AMASAN A THAOBH MEUD CHLASAICHEAN

03 Am Màrt 2009

Chaidh raon de staitistigean co-cheangailte ri sgoilearan ann an sgoiltean poblach na h-Alba fhoillseachadh an-diugh.

Thuir Fiona Hyslop, Rùnaire a' Chaibineat airson Foghlam agus Foghlam Fad-beatha:

"Ag obair ann an com-pàirteachas le Comataidh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba (Cosla), agus air bunait an aonta leis an riaghaltas ionadail gus àireamhan luchd-teagaisg a chumail aig ìrean 2007 mu choinneamh lùghdachadh ann an àireamhan nan sgoilearan, tha sinn le chèile dealasach a thaobh adhartais a dhèanamh gach bliadhna gus amasan co-cheangailte ri meud chlasaichean a choileanadh.

"Tha àireamhan an latha an-diugh - co-cheangailte ris an t-Sultain 2008 – a' taisbeanadh gu bheil 18 a-mach à 32 ùghdarrasan ionadail a' dèanamh adhartais air lùghdachadh meud chlasaichean, agus bho 2006 ann an iomlanachd, tha àrdachadh de dhà sa cheud air a thighinn air àireamh sgoilearan P1-P3 a tha ann an clasaichean de 18 no nas lugha. Bhon a tha seo a' toirt na h-àireamh chun na h-ìre as àirde aig an robh e, tha e soilleir gum feum sinn adhartas susbainteach a dhèanamh.

"Ach, tha mi toilichte gu bheil sinn air lùghdachadh fhaicinn ann an àireamhan sgoilearan P1-P3 ann an clasaichean de chòrr agus 25, bho 38 sa cheud ann an 2006 gu 23 sa cheud ann an 2008. Tha seo a' sealltainn gu bheil nas motha sgoilearan anns na tràth-bhliadhnaichean ann an clasaichean nas lugha.

"Feumaidh sinn obrachadh gu dùth le com-pàirtichean an riaghaltais ionadail tro na h-amannan doirbh eaconamach seo gus dèanamh cinnteach gun cumar a' dèanamh adhartais.

" 'S e a tha gu h-àraid misneachail a bhith a' faicinn ùghdarrasan ionadail leithid Lodainn an Iar agus Meadhan Lodainn – dà eisimpleir de dh'ùghdarrasan ionadail a tha a' cumail orra a dh'aindeoin duilgheadasan eaconamach làithreach, a' dèanamh adhartas mhath a dh'ionnsaigh chlasaichean nas lugha do na sgoilearan as òige againn. Bidh mi a' brosnachadh ùghdarrasan ionadail eile gus coimhead ri mar a tha iad air seo a choileanadh, gus am faigh clann buannachd às an t-suidheachadh leasaichte a thaobh ionnsachaidh is teagaisg, a thig bho chlasaichean nas lugha."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



CLASS SIZE TARGETS

03 March 2009

A range of statistics relating to pupils in Scotland's publicly funded schools were published today.

Cabinet Secretary for Education and Lifelong Learning Fiona Hyslop said:

"Working in partnership with Cosla, and on the basis of provision in the local government settlement to maintain teacher numbers at 2007 levels in the face of falling school rolls, we are jointly committed to delivering year-on-year progress to meet the class size target.

"Today's figures - which relate to September 2008 - show that 18 out of 32 local authorities are making progress on reducing class sizes and, overall, since 2006, there has been a two per cent rise in the number of P1-P3 pupils who are in class sizes of 18 or less. While this takes the figure to the highest it has been, we clearly need to make more substantial progress.

"However, I am pleased that we have seen a reduction of the number of P1-P3 pupils in classes of over 25 from 38 per cent in 2006 to 23 per cent in 2008. This shows many more early years pupils are in smaller classes.

"We will need to work closely with local government partners through these tough economic times to ensure progress continues to be made.

"What is particularly encouraging is looking at local authorities such as West Lothian and Midlothian - two examples of local authorities who, despite current economic pressures continue to make good progress towards smaller classes for our youngest schoolchildren. I will be urging other local authorities to look at how they are achieving this so that children can benefit from the improved learning and teaching that smaller class sizes bring."